



EALAN
CEÒL
FILMICHEAN
TAIGH-CLUICHE
CAFAIDH/BÀR

ART
MUSIC
FILMS
THEATRE
CAFÉ/BAR



An Lanntair

SPRING 2018
EARRACH 2018

WELCOME

Spring veg!

I am a vegetarian. There, I've admitted it.

So, I'm going to start my introduction to An Lanntair's spring season with a recommendation to all you lovely Hebridean veggies out there - get on down to our café bar and try out our awesome new menu. There's halloumi, folks, yes, An Lanntair has new gorgeous lunchtime sandwiches, as well as a fab selection of small and large plates - veggie haggis, Indian bondas, mushroom and aubergine filo parcels and plenty more. And don't you carnivores worry, there's plenty of delicious new meat plates too, and steak night every Wednesday!

OK, I'll stop going on about food and let you sample our menu for yourselves. Back to the art, and the spring season at An Lanntair is going to be quite something!... We've got new music launching (Album launch, Willie Campbell and the The Open Day Rotation), we're showing new contemporary theatre (Theatre Gu Leor's Cèilidh), we're celebrating female photographers from Scotland and the Nordic countries (10 from the North) and much, much more. The music programme is really full to bursting this season, everything from King Creosote to world-class jazz from Martin Taylor. There are some great surprises in there too - brand new duo, Redwood Mountain, Ross Ainslie and Ali Hutton, Chris Stout and Catriona Mackay and the brilliant Ímar.

I can't cover it all here, so suggest you sit back with a coffee and enjoy this brochure. Thank you for all your support and looking forward to seeing you all here at An Lanntair this spring.

Elly Fletcher, Chief Executive

FÀILTE

Glasraich an Earraich!

Seo dhuibh a-nis. Tha mi air aideachadh gur e glasraichear a tha annam.

Mar sin, nam fhacal-toisich ann an leabhran sèasan an Earraich aig An Lanntair tha mi airson moladh dhuibh feuchainn na tha de dheagh ghlasraich às na h-eileanan a-muigh ann an sin – sìos leibh chun an ionad-bidhe againn agus blaisibh air a' chlàr-bidhe ùr mhiorbhaileach againn. Feuchaibh an halloumi -ceapairean blasta a gheibh sibh aig àm lòn, agus taghadh math de nithean eile - taigeis ghlasraich, bonda Innseanach, pasgain filo le balgan-buachrach agus aubergine agus tòrr eile. Na biodh dragh oirbh mas caomh leibh a bhith ag ithe feòil, tha gu leòr truinnsearan blasta feòla againn cuideachd, agus feasgar stèic a h-uile Diciadain.

Ach cha chan mi an còrr mu bhìadh agus leigidh mi leibh feuchainn air ur son fhèin. Air ais gu cùisean ealain, agus na nithean iongantach a chì sibh as t-earrach aig An Lanntair. Bidh sinn a' foillseachadh an clàr ùr aig Willie Caimbeul agus The Open Day Rotation, theatar on là an-diugh (Theatre Gu Leor 's Cèilidh), bidh sinn a' comharrachadh bhoireannach a bhios a' togail dheilbh à Alba agus nan dùthchannan Nordic (10 bho Tuath) agus tòrr mòr a bharrachd. Tha am prògram ciùil luma làn air an t-sèasan seo, bho King Creosote gu jazz aig ire an t-saoghail le Martin Taylor. Tha rudan annasach eile ann cuideachd - Redwood Mountain, Ross Ainslie agus Ali Hutton, Chris Stout agus Catriona NicAoidh agus an sàr bhuidheann, Ímar.

Chan urrainn dhomh a h-uile càil a mhìneachadh dhuibh ann an seo. Mar sin, suidhibh air ais, gabhaibh cupan cofaidh agus leughaibh tron leabhran seo. Mòran taing airson ur taic. Tha mi an dòchas gum faic mi sibh anns An Lanntair tron earrach seo.

Elly Fletcher, Ceannard

EXHIBITIONS

10 from the North

10 March - 14 April

This exhibition of new photographic work from Scotland and the Nordic countries showcases some of the most interesting contemporary imagery being made by female practitioners. The Scottish-based Wildfires collective features established names such as Patricia MacDonald with her work 'Burnt Moorland: grouse shooting' and Sophie Gerrard with her 'Drawn to the Land' series focusing on women involved with farming. The exhibition also includes a wide variety of approaches to image making, with new work by Karen Vaughan, Margaret Mitchell, Sylvia Grace Borda, Miriam Chefrad and Kotryna Ula Kiliulyte.

New photography from Nordic countries will also be represented, with Icelandic photographer Sigga Ella's 'First and Foremost I am', Norwegian photographer Andrea Gjestvang's work focusing on the women of the Faroe Islands, and Finnish photographer Iiu Susiraja whose work offers a surreal exploration of self-portraiture.

This exhibition is a collaboration between Dr Katherine Parhar of Wildfires and FOCAS Scotland, Alex Boyd of An Lanntair and the Flow Festival of Photography.



[Faic an làrach-lin lanntair.com](http://faic.an-lanrach-lin.lanntair.com)

TAISBEANADHEAN



10 bho Tuath

10 Màrt - 14 Giblean

Tha an taisbeanadh seo de dhealbhan à Alba agus às na dùthchannan Nordic a' foillseachadh cuid de na dealbhan on là an-diugh a tha air an togail le boireannaich. Tha an cruinneachadh Albannach Wildfires a' sealltainn obair dhaoine mar Patricia MacDonald agus a h-obair 'Burnt Moorland: grouse shooting' agus Sophie Gerrard leis an t-sreath aice 'Drawn to the Land' a' coimhead air boireannaich a tha an sàs ann an obair tuathanais. Tha an taisbeanadh cuideachd a' sealltainn grunnan dhòigh a thaobh a bhith a' cruthachadh ìomhaighean, le obair ùr le Karen Vaughan, Margaret Mitchell, Sylvia Grace Borda, Miriam Chefrad agus Kotryna Ula Kiliulyte.


Bidh obair dheilbh ùr às na dùthchannan Nordic cuideachd air an riochdachadh, leis an neach-togail dheilbh Sigga Ella, 'First and Foremost I am', tè à Nirribhidh Andrea Gjestvang a' cur fòcas air boireannaich sna h-Eileanan Fàrach. agus tè às an Fhionnlainn Iiu Susiraja a bhios an sàs ann an fèin-dheilbh.

Is e taisbeanadh a tha seo mar cho-obrachadh eadar an t-Oll Katherine Parhar bho Wildfires agus FOCAS Alba, Alex Boyd bho An Lanntair agus an Flow Festival of Photography.

CUIMHNE / MEMORY

Cuimhne / Memory seeks to combine academic thought, making, archive footage and live performance, focusing on memory, oral tradition and creativity and showcasing the Arora project and Dementia Friendly Community.

Tha *Cuimhne* ag amas air a bhith a' toirt ri chèile beachd-smuain acadaimigeach, a' dèanamh clàradh eachdraidheil agus clàradh beò, stèidhichte air cuimhne, dualchas, agus cruthachailas a' sealltainn an Arora project agus an Dementia Friendly Community.



Exhibition: Sat 21 April - Sat 26 May

Symposium: Mon 23 & Tue 24 April – Various times and prices, See website for details

The two day Symposium based in An Lanntair features a range of speakers, including keynote speaker Professor Tim Ingold, photographic works from the 'Eyes as Big as Plates' project from Finland, the award winning Lithuanian film 'Land of Songs', and local imagery from the School of Scottish Studies archive. The main gallery will feature commissioned artists' pieces from the Arora project and artefacts from the Highland Folk museum as well as providing the venue for making sessions and a live waulking song.

Taisbeanadh: Dis 21 Gibl - Dis 26 Cèit

Co-chomhairle: Dil 23 & Dim 24 Gibl – Amannan agus prìsean eadar-dhealaichte, Faic an làrach-lìn.

Tha a' cho-labhairt a mhaireas dà là anns An Lanntair aig am bi taghadh de luchd-labhairt, leis a' phrìomh òraidiche An t-Àrd-Oll Tim Ingold, dealbhan bhon phròiseact 'Eyes as Big as Plates' às an Fhionnlainn, am fiolm Liotuaineach a 'Land of Songs' a choisinn duaisean, agus dealbhan ionadail bho thasglann Sgoil Eòlais na h-Alba. Chithear sa phrìomh ghaileiridh dealbhan a chaidh an coimiseanadh bho phròiseact Arora agus stuthan bho Thaigh-tasgaidh na Gàidhealtachd cho math ri bhith na àrainn airson stuthan a dhèanamh agus òrain luaidh a sheinn.

MUSIC & LIVE EVENTS

Willie Campbell & The Open Day Rotation Album Launch

Fri 2 Mar, 8pm £10

The Open Day Rotation have album news! With stocks of the last CD release depleted, and an impossible-to-find online back catalogue, the band has decided to re-release four of their most popular tracks alongside eight new songs. New Clouds in Motion will be officially launched with a concert in An Lanntair.

King Creosote

Sat 10 Mar 8pm £15.50

King Creosote, one of Scotland's most acclaimed and prolific, singer-songwriters: a squeezebox Casanova with a cosmic wordplay fetish, whose voice leaves gentle devastation in its wake, comes to An Lanntair for his Standing on Steptoets tour.



See website for details lanntair.com

CEÒL & TACHARTASAN



Willie Caimbeul & A' Cur Clàr The Open Day Rotation Air Bhog

Dih 2 Màrt, 8f

Tha naidheachd ann mu chlàr ùr aig The Open Day Rotation! Gun mhòran air fhàgail airson an reic den CD mu dheireadh, agus às aonais catalog air-loidhne de chlàran a bha ann a cheana, tha an còmhlan air a thighinn chun a' cho-dhùnaidh ceithir de na tracan a bu mhotha a bha a' còrdadh ri daoine ath chur a-mach agus ochd òrain ùra nan cois. Thèid New Clouds in Motion a chur air bhog le cuirm anns An Lanntair.

King Creosote

Dis 10 Màrt 8f £15.50

Is e King Creosote aon de na seinneadairean-sgrìobhadairean òrain Albannach as ainmeil agus as trainge; Casanova air a' bhogsa-ciùil le comas miorbhaileach le facail, agus sàr ghuth. Tha e a' thighinn chun An Lanntair air a chuairt Standing on Steptoets.

MUSIC & LIVE EVENTS



Martin Taylor and Ulf Wakenius

Sat 17 Mar, 8pm

£22.50 / £20 Conc / £15 Students

Two of the greatest jazz guitarists in the world, Martin Taylor & Ulf Wakenius, have joined forces for an unforgettable live show. They bring with them a unique legacy in European jazz from years of touring and recording with Stephane Grappelli and Oscar Peterson.

Tide Lines

Thur 22 Mar, 8pm – £13 Sold out

Tide Lines are a 4 piece band originally from the Highlands of Scotland. Whilst their music is heavily influenced by and rooted in the places they grew up, they produce a highly eclectic sound. Imagine a 70s Bruce Springsteen but with bagpipes and electronics in the E-Street band and you're probably just about there!

Hebridean Sessions

Wed 28 Mar, Wed 25 Apr, Wed 30 May

An Lanntair's Hebridean Sessions, hosted in collaboration with Wee Studio, are a perfect opportunity to celebrate and encourage local talent from Lewis and Harris. If you are interested in taking part please send your details to Mike@lanntair.com

CEÒL & TACHARTASAN

Martin Taylor agus Ulf Wakenius

Dis 17 Màrt 8f

£22.50 / £20 Leas / £15 Oileanaich

Dithis den luchd-cluich guitar-jazz as ainmeil san t-saoghal, tha Martin Taylor & Ulf Wakenius, air a thighinn còmhla airson cuirm bheò nach tèid air diochumhn'. Tha iad a' toirt leotha dileab sònraichte de jazz Eòrpach bho bhliadhnaichean a' dol air chuairt agus a' clàradh còmhla ri Stephane Grappelli agus Oscar Peterson.

Tide Lines

Diar 22 Màrt 8f - £13 Air an reic air fad

Is e còmhlan de cheathrar a tha ann an Tide Lines o thùs à Gàidhealtachd na h-Alba. Ged a tha na h-àiteachan dhan buin iad air buaidh mhòr a thoirt air a' cheòl dèanamh agus tha iad a' dèanamh fuaim iongantach is tlachdmhor. Beachdaich air Bruce Springsteen sna 70an ach le piob-chiùil agus eileagtronaigs sa chòmhlan E-Street agus cha mhòr nach eil thu ann!



Seiseanan Innse Gall

Dic 28 Màrt, Dic 25 Gibl, Dic 30 Cèit

Seiseanan Innse Gall aig An Lanntair, air a chumail an co-bhoinn ris an Wee Studio, deagh chothrom comharrachadh agus brosnachadh tàlant ionadail à Leòdhas agus Na Hearadh. Ma tha ùidh agad com-pàirteachadh cuir fios gu Mike@lanntair.com



Theatre Gu Leor: Cèilidh

Fri 30 & Sat 31 March, 8pm

Wild, outspoken and buried face down on the Isle of Harris, poet Màiri Ruadh is back from beyond the grave, with one last night to resurrect the true meaning of the cèilidh. She has fire in her belly and is determined never to be silenced again.

Cèilidh is a new play full of live music, songs and stories. It is subtitled and suitable for anyone with or without Gaelic, but only those ready for a cèilidh like no other!



Classic Rock Night

Sat 7 April, 8pm £10 / £5 under 18
(under 18 must be accompanied by an adult)

The sequel to last year's sold out Classic Rock Night is here! A revolving All-Star cast of Stornoway's finest musicians pay tribute to rock's biggest hits!

Theatre Gu Leor: Cèilidh

Dih 30 & Dis 31 Màrt, 8f

Fiadhaich, brais agus air a tiodhlaigeadh air a beul-fòidhpe sna Hearadh, tha a' bhana-bhàrd Màiri Ruadh air èirigh às an uaigh le dìreach aon oidhche gus ciall shònraichte na cèilidh ath-bheòthachadh. Dealasach agus làn spionnaidh, tha i deimhinne nach bi a guth air a chasg a-rithist.

Tha an dealbh-chluich ùr seo làn ceòl beò, òrain agus sgeulachdan le fo-thiotalan. Bidh e freagarrach do dhuine sam bith, Gàidhlig ann no às, fhad 's a tha iad deiseil airson cèilidh gun choimeas!

Oidhche Roc Chlasaigeach

Dis 7 Gibl, 8f £10 / £5 fo 18 feumaidh inbheach
(a bhith còmhla ri neach a tha fo 18)

Tha seo a' leantainn air an oidhche mhòr Roc Clasaigeach a bha ann an-uiridh! Tha taghadh den luchd-ciùil as fheàrr ann an Steòrnabhagh a' toirt urram do na h-òrain roc as fheàrr a bha ann a-riamh!

MUSIC & LIVE EVENTS

Redwood Mountain

Tue 17 Apr, £10, 8pm

Redwood Mountain is a brand new duo featuring acclaimed singer-songwriter Dean Owens and traditional fiddle player Amy Geddes. Performing transatlantic folk songs, built around the lyrics of classic folk songs but reimagined with new melodies, they breathe new life into these wonderful old songs. Add in a few of Owens originals and some other transatlantic classics, stripped back to just vocals, guitar and fiddle, and you'll find a heady brew – a pure and organic blend of the old with the new.

Ross Ainslie & Ali Hutton

Fri 20 Apr, £12 / £10 8pm

Ross and Ali met at the Vale of Atholl pipe band when they were 12 years old. The boys were guided by one of the most influential pipers in the last 30 years, Gordon Duncan. Gordon instilled a great passion in the guys for playing pipes with other instruments and they have gone on to play in many leading Scottish bands including Treacherous Orchestra, Old Blind Dogs, Salsa Celtica, Dougie Maclean, Shooglenifty, Capercaillie. After all the years playing in different bands and line ups the guys decided to concentrate on music together.



CEÒL & TACHARTASAN



Redwood Mountain

Dim 17 Gib - £10, 8f

Is e còmhlan ùr de dhithis a tha ann an Redwood Mountain sa bheil an seinneadair-sgrìobhadair òrain ainmeil Dean Owens agus an cluicheadair-fidhle traidiseanta Amy Geddes. A' cluiche òrain folc thar chuain, stèidhichte air lioracan de dh'òrain folc clasaigeach ach air an ùrachadh le fuinn ùra, tha iad air sàr obair a dhèanamh air na seann òrain iongantach sin. Cuir a-steach beagan òrain bho Owens fhèin agus dhà no trì chlasaigeach eile thar chuain, le dìreach seinn, giotàr agus fidheall agus abair gum faigh thu deagh mheasgachadh – de nithean ùra agus aosta.

Ross Ainslie & Ali Hutton

Dih 20 Gibl, £12 / £10 8f

Choinnich Ross agus Ali an uair a chaidh iad gu còmhlan-pioba Vale of Atholl aig aois 12 bliadhna. Bha iad air an stiùireadh le aon de na piobairean a bu bhuadh-mhor a bha ann sna 30 bliadhna a chaidh seachad, Gordon Duncan. Thug Gordon misneachd mhòr dhaibh a bhith a' cluich na pioba còmhla ri ionnsramaidean eile agus tha iad air a dhol air adhart gus a bhith a' cluich ann an còmhlan ainmeil Albannach eile mar Treacherous Orchestra, Old Blind Dogs, Salsa Celtica, Dougie Maclean, Shooglenifty, Capercaillie. An dèidh bliadhnaichean a' cluiche ann an còmhlan eadar-dhealaichte thàinig iad chun a' cho-dhùnaidh a bhith a' cluich còmhla.

MUSIC & LIVE EVENTS

Chris Stout & Catriona Mackay

Thur 26 Apr, £12 / £10 8pm

It's hard to believe there's only two people on stage as this awe-inspiring duo weave their way between glorious soundscapes and music of breathtaking simplicity. Chris and Catriona have taken these most traditional of instruments and catapulted them into the contemporary world of music making.

Matthew Bourne's Highland Fling

Thur 3 & Fri 4 May, £17 / £15 Conc, 7:30
Lewis Sports Centre

Highland Fling follows the downfall of James – a young Scot with sex, love and rock and roll on his mind. Recently married to his beloved Effie, his addiction to excess finds him in the company of a wild, gothic fairy. As his love for the strange and beautiful fairy becomes an obsession, James embarks on a fateful journey that takes him from the mean streets and nightclubs of Glasgow into a world beyond reality and reason. Presented exclusively by Scottish Ballet, Matthew Bourne's Highland Fling is La Sylphide for the Trainspotting generation.



CEÒL & TACHARTASAN



Chris Stout & Catriona Mackay

Diar 26 Gib £12 / £10 8f

Tha e doirbh a chreidsinn nach eil ach dithis air an àrd-ùrlair fhad 's a tha an dithis iongantach seo a' sniomh an slighe tro sheallaidhean fuaim agus ciùil a tha air leth simplidh. Tha Chris agus Catriona air na h-innealan traidiseanta sin a thoirt a-steach gu saoghal ciùil an là an-diugh.

Highland Fling Aig Matthew Bourne

Diar 3 & Dih 4 Cèit, £17 / £15, 7:30f
Ionad Spòrs Leòdhais

Tha Highland Fling a' leantainn droch fhortan Sheumais – Albannach òg le feis, gaol agus roc is rol air inntinn. Air a ghaol gràdhach, Oighrig, a phòsadh o chionn ghoirid, tha a dhèidh anamheasarra ga lorg ann an cuideachd sìthiche ghothach fhiadhaich. Mar a tha a ghaol don t-sìthiche bhòidheach neònach seo ga bheòghlacadh, tha Seumas a' togail air air turas oillteil a tha ga thoirt bho shràidean dorcha agus clubaichean oidhche Ghlaschu gu saoghal eile, seachad air fìorachd agus reusan. Air a riochdachadh gu tur le Scottish Ballet, tha Highland Fling aig Matthew Bourne mar La Sylphide do ghinealach Trainspotting.

MUSIC & LIVE EVENTS

Scottish Ballet : Pre Show talks

Thur 3 & Fri 4 May, 6.30pm-7pm

Nicolson Inst.. Free but booking is essential.

UHI Applied Music Showcase

Thurs 3 May, 7:30pm, £8 / £6 / £5

Applied music had brought together the cream of Scotland's music students rock, pop and traditional – many of whom are working at a professional level.



Ímar

Fri 18 May, £12 / £10 8pm

Glasgow's hottest new folk property, five-piece Ímar have created more than a bit of a stir in little over a year since their formation. With a line-up featuring members of Mànran, RURA, Talisk and Barrule they were a firm favourite at HebCelt 2017. The group's formation embodies a personal reconnection with its members' formative years, dating back long before their recent camaraderie around Glasgow's celebrated session scene.

Anda Union

Tue 29 May, 8pm £20 / £18 / £15

Anda Union's thoroughly addictive and accessible fusion of Mongolian musical styles draws directly from the band's roots in the differing ethnic nomadic cultures.

CEÒL & TACHARTASAN

Scottish Ballet: Còmhradh ron Chuirm

Diar 3 & Dih 4 Cèit, 6.30f-7f

Sgoil MhicNeacail. An-asgaidh ach feumar bucadh.

Taisbeanadh Ceòl Gniomhach UHI

Diar 3 Cèit, 7:30f, £8 / £6 / £5

Tha ceòl gnìomhach air na h-oileanaich ciùil as fheàrr ann an Alba a thoirt còmhla - roc, pop agus traidiseanta – agus mòran dhiubh ag obair aig ìre phroifeiseanta.

Ímar

Dih 18 Cèit, £12 / £10 8f

Tha Ímar, an còmhlan còig-pìos as fheàrr ann an Glaschu air othail mhòr a chruthachadh on chaidh an stèidheachadh. Le taghadh de bhuill bho Mànran, RURA, Talisk agus Barrule chòrd iad gu mòr ri daoine aig HebCelt 2017. Tha stèidheachadh a' chòmhlain a' togail air ceanglaichean a bha eadar na buill an uair a thòisich iad a' cluich fada ro na h-amannan comharraichte aca ann an Glaschu.

Anda Union

Dim 29 Cèit, 8f £20 / £18 / £15

Tha an obair a rinn Anda Union air stoidhlean ciùil Mhongolia air a stèidheachadh air freumhan a' chòmhlain bho dhiofar chultaran eitnigeach a' dol bho àite gu àite.





Moving Forward

Mon 9 Apr - Thurs 12 Apr, 11am – 4pm FREE
An Lanntair and Stornoway Town Hall

YDance (Scottish Youth Dance) are back with another series of free dance workshops for young people with disabilities. If you are aged between 12 and 25 years old and have a disability, come and join our Moving Forward dance sessions. Spread over 4 days, our dance sessions will help you make friends, get creative, learn new skills and have fun! No experience is necessary and the sessions are free.

YDance : Inclusive Dance Training Session

Wed 11 Apr, 4pm - 6pm FREE

Are you a teacher, youth worker, carer or dance artist who works in participatory settings? Would you like to increase your skills and expertise in working with young people with disabilities? Taught by a member of YDance staff who specialises in inclusive practice, this FREE inclusive training session will be fun, creative and informative, offering various ways to engage and inspire all young people. To sign up, please email Moira at moira@lanntair.com.

Moving Forward

Dil 9 Gib - Diar 12 Gib, 11m – 4f
An Lanntair agus Talla Baile Steòrnabhaigh

Tha YDance (Scottish Youth Dance) air ais le sreath eile de bhùithtean-obrach an-asgaidh airson daoine òga le ciorram. Ma tha thu eadar 12 agus 25 bliadhna a dh'aois agus ciorramach, thig còmhla rinn gu na seiseanan dannsa Moving Forward. Fad 4 là, cuidichidh na seiseanan dannsa thu ann a bhith a' dèanamh charaidean, a' fàs cruthachail, ionnsachadh sgilean ùra agus spòrs fhaighinn! Cha leig thu a leas eòlas sam bith a bhith agad agus tha na seiseanan an-asgaidh.

YDance : Seisean Trèinidh Inclusive Dance

Dic 11 Gib, 4f – 6f AN-ASGAIDH

An e tidsear, neach-obrach òigridh, neach-cùraim no dannsair a bhios ag obair ann an suidheachaidhean com-pàirteachail a tha annad? Am bu chaomh leat na sgilean agus na comasan agad a thaobh a bhith ag obair le daoine òga le ciorram a mheudachadh? Le bhith air do theagasg le ball de sgioba YDance le speisealachadh ann an modh in-ghabhalach, bidh an seisean trèanaidh AN-ASGAIDH seo tlachdmhor, cruthachail is fiosrachail, a' tabhann mòran dhòighean gus daoine òga a chur an sàs agus a bhrosnachadh.

EDUCATION

Scottish Ballet : Beginners Ballet Class

Wednesday 2 May, 7.30-9.30pm

Free but booking is essential, Venue TBC

This is fun and gentle introduction to ballet led by Scottish Ballet staff. Participants will look at basic ballet technique in a supportive and relaxed environment. The class will last for 90 minutes and be followed by a 30 minute talk on the company. No experience required to take part. Please wear relaxed clothing for moving in and bare feet or soft-soled dance shoes if you have them. Participants must be 14 years or older.



Travelling Gallery: Are Teenage Dreams So Hard to Beat?

Saturday 5 May, 10am – 4pm, FREE

Stornoway Town Centre

The Travelling Gallery will tour the Western Isles again this Spring with an exhibition which will include work by contemporary artists Arpita Shah, Alice Theobald and Holly White alongside archive material from the Museum of Childhood, Edinburgh. In the age of the internet and Generation Z it considers the contrasts of adolescence past and present as comparatively tame and nostalgic teenage magazines will be exhibited next to the never-ending clickbait of internet culture.

FOGHLAM

Scottish Ballet : Clas Luchd-tòiseachaidh Ballet

Diciadain 2 Cèit, 7.30-9.30f

An-asgaidh ach tha bucadh riatanach

Àite ri dhaingneachadh.

Cothrom spòrsail agus furasta eòlas fhaighinn air ballet còmhla ri luchd-obrach Scottish Ballet. Coimheadaidh sibh ri dòighean ballet bunaiteach ann an suidheachadh taiceil is cofhurtail. 90 mionaid agus bidh òraid 30 mionaid às dèidh seo mun chompanaidh. Chan fheum sibh eòlas sam bith gus pàirt a ghabhail ann. Cuiribh oirbh aodach cofhurtail agus faodaidh sibh a bhith air ur casan liormach no brògan dannsa bog a bhith oirbh ma tha iad agaibh. Feumaidh com-pàirtichean a bhith 14 bliadhna no nas sine.



Travelling Gallery: Are Teenage Dreams So Hard to Beat?

Dis 5 Cèit, 10m – 4f, AN-ASGAIDH

Meadhan Baile Steòrnabhaigh

As t-Earrach am bliadhna bidh an Travelling Gallery sna h-Eileanan an Iar a-rithist le taisbeanadh a bhios a' gabhail a-steach obair le luchd-ealain on là an-diugh Arpita Shah, Alice Theobald agus Holly White agus stuth bhon tasglann aig a' Mhuseum of Childhood, Dùn Èideann. Ann an saoghal an eadar-lìn agus Generation Z bithear a' dèanamh coimeas eadar òigrìdh an là an-diugh agus an-dè le leabhraichean dheugairean bhon là an-dè rim faicinn ri taobh na tha a' dol ann an cultar an eadar-lìn san là an-diugh.

EDUCATION

Mindfulness Based Stress Reduction Programme (MBSR)

Wed 9 May, 6 – 8pm, £160 (for 8 weeks)

This Eight Week Mindfulness Course led by Lucy Harness is based on the Mindfulness-Based Stress Reduction (MBSR) developed by Jon Kabat-Zinn.

To reserve a place call Lucy on 07557261193 or email lucyharness@yahoo.co.uk

Evening Classes:

Our next series of adult classes will begin in w/c 16 April. This term the opportunities will include Handmade Poster Design with Pearse O'Halloran, Ceramics with Carol Burgis and Japanese Textiles with Chris Hammacott as well as other inspiring classes. Check our website for full details.

Board not Bored

An Lanntair's youth Board gives young people the opportunity to have a real input into the direction of arts provision. Board not Bored members are working towards programming events, exhibitions and performances at An Lanntair for the current Year of Young People and beyond. Anyone aged 16 – 26 is welcome to join. Contact Joe@Lanntair.com for details

Art Labs

Art Labs in Stornoway, Lionel, Bragar, Uig and Tarbert are inspiring studio spaces which young people can use to make their own artwork, supported by a lead artist.

Thursdays, Fridays and Saturdays in term time
Stornoway - Friday 2-4pm

Lionel, - Friday 4-6pm

Bragar, - Thursday 4-6pm

Uig - Saturday 2-4pm

Tarbert - Friday 2-4pm

FOGHLAM

Prògram Mindfulness Based Stress Reduction (MBSR)

Dic 9 Cèit, 6 – 8f, £160 (airson 8 seachdainean)

Tha an cùrsa ochd seachdainean Mindfulness air a stiùireadh le Lucy Harness stèidhichte air Mindfulness-Based Stress Reduction (MBSR) leasaichte le Jon Kabat-Zinn.

Gus àite a ghleidheadh cuir fòn gu Lucy air 07557261193 no cuir post-dealain lucyharness@yahoo.co.uk

Clasaichean Oidhche:

Tòisichidh an ath sreath de chlasaichean airson inbhich air an t-seachdain a' tòiseachadh 16 Giblean. Bidh an t-sreath seo a' gabhail a-steach Dealbhadh Postair le Pearse O'Halloran, Ceramics còmhla ri Carol Burgis agus Aodach Iapanach le Chris Hammacott agus clasaichean inntinneach eile. Chi sibh tuilleadh air an làrach-lìn againn.

Bòrd gun Bhòdhradh

Tha Bòrd Òigridh An Lanntair a' toirt cothrom do dhaoine òga a bhith a' cur ri stiùireadh solar nan ealain. Tha buill Bòrd gun Bhòradh a' cuideachadh ann a bhith a' prògramadh thachartasan, thaisbeanaidhean agus chluichean aig An Lanntair airson Bliadhna an Òigridh a tha ann am bliadhna agus nas fhaide na sin. Faodaidh duine sam bith a tha eadar 16 – 26 a bhith an sàs.

Laban Ealain

Tha Laban Ealain ann an Steòrnabhagh, Lionel, Bràdhagair Ùig agus An Tairbeart nan làraich bhrosnachail is urrainn do dhaoine òga a chleachdadh gus an obair ealain fhèin a dhèanamh le taic bho neach-ealain.

Steòrnabhagh - Dihaoine 2-4f

Lional - Dihaoine 4-6f

Bràdhagair - Diardaoin 4-6f

Ùig - Disathairne 2-4f

An Tairbeart - Dihaoine 2-4f

EDUCATION

Saturday Art Club

Primary School-aged children can enjoy exciting visual art projects including painting, modelling, designing, printing, drawing, and inventing. Saturdays in term time,

P1 & 2 : 1 – 2pm

P3 & 4 : 2:30 – 3:30pm

P5 – 7 : 4-5pm

Drama club

These fun classes will help children and young people to develop skills in improvisation and performance. Term time only in An Lanntair's auditorium or community room.

P1 – P4 : Saturdays 10:15 – 11am

P5 – P7 : Saturdays 11:15am – 12pm

S1 – S4 : Wednesdays 4 – 5pm

MEMBERS / FRIENDS

An Lanntair is a Membership organisation as well as a charity and is owned by its Members. This means that Members have an important say in how we conduct our business. Only Members can be elected directors of An Lanntair Ltd. Members also receive great benefits including:

- Discounts on selected live events and classes
- Four mail-outs a year detailing all our upcoming events
- Invitations to exhibition openings
- Priority booking for selected events
- 10% off items in the shop (excluding books, CDs and commissioned items)
- 10% off the a la carte menu in the cafe bar
- £1 filter coffee or pot of breakfast tea

Annual membership rates are:

£25 Individual

£35 Joint (2 people at same address)

£40 Family (2 adults & up to 3 under 18's)

£15 Pensioner / Student

FOGHLAM

Club Ealain Dhisathairne

Is urrainn do chlann sa bhun-sgoile a dhol an sàs ann am pròiseactan ealain-lèirsinneach inntinneach a bhios a' gabhail a-steach peantadh, modaileadh, dealbhachadh is innleachdadh. Disathairne tro theirm na sgoile.

P1 & 2: 1 – 2f

P3 & 4: 2:30 – 3:30f

P5 – 7: 4 – 5f

Club Dràma

Cuidichidh na clasaichean seo, a bhios làn spòrs, a' chlann is na daoine òga ann a bhith a' leasachadh sgilean ann an ullachadh agus coileanadh. Tro theirm na sgoile a-mhàin bidh iad air an cumail ann an talla agus seòmar coimhearsnachd An Lanntair.

P1 – P4: Disathairne 10:15 – 11m

P5 – P7 Disathairne 11:15m – 12f

S1 – S4: Diciadain 4 – 5f

CARAIDEAN

Is e buidheann ballrachd a tha anns An Lanntair cho math ri bhith na charthannas a bhuineas dhan bhallrachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil smachd mhòr aig na Buill air an dòigh anns am bi sinn a' coileanadh ar dleasanais. Chan urrainn ach buill a bhith air an suidheachadh mar stiùirichean air An Lanntair Earranta. Bidh buill cuideachd a' faighinn buannachdan leithid:

- Lasachadh prìse air cuid de thachartasan beò agus clasaichean
- Ceithir fìosan sa phost gach bliadhna ag innse mu na tachartasan a tha ri thighinn
- Cuiridhean gu fosgladh thaisbeanaidhean
- Cothrom toisich gus bucadh airson cuid de thachartasan
- 10% bhon stuth sa bhùth (ach chan eil leabhraichean, CDan is stuth air coimisean).
- 10% bhon chlàr a la carte sa chafaidh
- £1 airson poit cofaidh siolaidh no poit teatha bracaist

SHOP & CAFÈ/BAR

New for 2018 household goods by fabulous UK designers:

The Humble Cut use potato printing to create a range of surface pattern designs on trays, coasters, tea towels and aprons.

Port & Lemon showcase the designers' love of coastal living alongside humour & quirkiness on art prints, tableware, greetings cards, bathroom accessories & travel gifts.

To keep you magpies happy we are adding statement laser-cut pieces from **Bonnie Bling** to our jewellery range.

We are also continuing to support the fabulous island talent and will soon be unveiling clothing by **Sally Avis**, T-shirts by **Diggory Brown** and Harris Tweed bags by **Studio Tolsta**.

Have you tried our New Menu?

Introducing 12 brand new dishes, featuring fresh local seasonal ingredients. New dishes to try are the slow roast beef cheek and steak lasagne, monkfish tail scampi, mushroom and aubergine filo parcels with Greek salad and sticky pork belly and rice noodle salad. Don't worry we've kept many favourites dishes including An Lanntair's own haggis and veggie haggis, beer battered haddock and our local seafood chowder.



BÙTH & CAFÀIDH/BÀR

Nithean ùra airson dachaighean ann an 2018 le luchd-deilbh miorbhaileach on RA:

Tha Humble Cut a' cleachdadh priontadh buntàta gus raon de phàtrain a dhèanamh air treidhichean, costairean, dubhailtean & aparain.



Tha **Port & Lemon** a' foillseachadh an ùidh a tha aig luchd-deilbh ann a bhith a' fuireach faisg air a' chladach le deilbh airson a' bhòrd, cairtean, stuth airson an t-seòmar-nighe & tiodhlacan.

Stuth airson feadhainn aig a bheil ùidh ann an seudraidh bho **Bonnie Bling**.

Bidh sinn cuideachd a' cumail oirnn a' taisbeanadh an aodaich mhiorbhaileach a bhios **Sally Avis** a' dèanamh, Lèintean-T le **Diggory Brown** & bagaichean Clò Hearach le **Studio Tolsta**.

Na dh'fheuch sibh an Clàr-bidhe ùr againn?

12 seòrsa biadh ùr, a' gabhail a-steach biadh-mara ùr ionadail. Feuchaibh an fheòil mairt air a ròstadh gu socair agus an lasagne stèic, scampi air earball mac-làmhaich, pasgain balgan-buachrach agus aubergine le sailead Greugach agus cliathaich muic steigeach le sailead noodle rus. Ach na gabhaibh eagail, tha sinn a' cumail oirnn leis na blasan a tha a' còrdadh ribh, mar taiseis An Lanntair agus taiseis ghasraich, adag còmhdachte le lionn agus am brot maoraich ionadail againn.

March

Fri 2 Mar	The Open Day Rotation Album Launch	8pm
Sat 10 Mar	Exhibition opening: <i>10 bho Tuath / 10 from the North</i>	5pm
Sat 10 Mar	King Creosote	8pm
Sat 17 Mar	Martin Taylor and Ulf Wakenius	8pm
Thur 22 Mar	Tide Lines (SOLD OUT)	8pm
Wed 28 Mar	Hebridean Sessions	8:30pm
Fri 30 Mar	Theatre Gu Leor: Cèilidh	8pm
Sat 31 Mar	Theatre Gu Leor: Cèilidh	8pm

April

Sat 7 Apr	Classic Rock Night	8pm
Tue 17 Apr	Redwood Mountain	8pm
Fri 20 Apr	Exhibition opening: <i>Cuimhne / Memory</i>	5pm
Fri 20 Apr	Ross Ainslie & Ali Hutton	8pm
Mon 23 Apr	Cuimhne / Memory Symposium`	Various
Tue 24 Apr	Cuimhne / Memory Symposium`	Various
Wed 25 Apr	Hebridean Sessions	8:30pm
Thur 26 Apr	Chris Stout & Catriona Mackay	8pm

May

Thur 3 May	UHI Applied Music Showcase	7:30pm
Thur 3 May	Matthew Bourne's Highland Fling (Sports Centre)	7:30pm
Fri 4 May	Matthew Bourne's Highland Fling (Sports Centre)	7:30pm
Fri 18 May	Ímar	8pm
Tue 29 May	World Music: Anda Union	8pm
Wed 30 May	Hebridean Sessions	8:30pm

Save the date

- Fri 15 June – Theatre: Isle of Love
- Fri 22 June – Live Music: McTaggart sisters
- Tue 26 Jun – Comedy: Tom Allen
- Sat 20 - Thur 24 Oct - *Las/Ignite* festival
- Sat 27 Oct – *Sàl / Saltwater*: Ian Morrison & Dalziel + Scullion
- 9 & 10 Nov – *An Treas Suaile / The Third Wave* : Julie Fowlis & Duncan Chisholm

- Art Club** - each Saturday during term time - various times
- Drama Club** - Saturday or Wednesday during term time - various times
- Art Labs**- Friday & Saturday during term time - various times

Please call 01851 708480 or visit www.lanntair.com for more details.
An Lanntair, Kenneth Street, Stornoway, Isle of Lewis, HSI 2DS
Charity Number: SC003287

